



THA SMOCADH TOIRMISGTE TAOBHA-STAIGH 15 MEATAIREAN DE THOGALACH OSPADAIL.

Bho 5 Sultain 2022, tha e na eucoir smocadh **taobh a-staigh 15 meatairean** de thogalach ospadail.

Nas fhaisge na sin agus dh'fhaodadh gum bi brath peanais suidhichte de £50 no càin suas gu £1,000 romhad ma bheirear thu gu cùirt. **'S e lagh ùr a tha seo a thugadh a-steach le Riaghaltas na h-Alba.**

A-nis gur e eucoir a th' ann, thèid iarraidh air duine sam bith a lorgar a' smocadh taobh a-staigh a' chuairt-tomhais 15 meatair stad sa bhad. Feuch gun stad thu agus gum bi thu modhail dhaibhsan a chuireas na laghan ùra gun a bhith a' smocadh nad chuimhne.

Thathar ag iarraidh air daoine gun a bhith a' smocadh air àrainn ospadail idir. 'S iad àitichean de bhrosnachadh slàinte a th' ann an ospadalan is iad gan cleachdadh le mòran dhaoine a tha gu sònraichte fo chunnart nan cron agus duilgheadasan a thèid adhbharachadh le bhith ag analachadh ceò ath-làimhe. Tha e na bhuannachd dhan h-uile duine na raointean timcheall air ospadalan air fad a chumail saor bho chunnartan a nì cron do shlàinte.

Tha comhairle, cungaidhean agus taic airson stad smocadh rim faighinn saor an-asgaidh tron NHS. Tadhail air **quityourway.scot** airson tuilleadh fiosrachaidh. Faodaidh tu fios a chur cuideachd gu Quit Your Way Scotland saor an-asgaidh le bhith a' cur fòn gu comhairliche air **0800 84 84 84**.

Mu dheireadh, ma chì thu daoine a' smocadh ann an raon a' chuairt-tomhais innis gu ball luchd-obrach an ospadail.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air an reachdas ùr, rach **gu [gov.scot/nosmokingzones](https://www.gov.scot/nosmokingzones)**